

PLANA: AIG AN DACHAIGH



Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar pàirtean de bheatha làitheil dhaoine san àm a dh'fhalbh agus mo bheatha fhìn, a' cleachdad fianais eachdraidheil no m' eolas air a bhith ag athchruthachadh suidheachadh eachdraidheil.

SOC 1-04a



Ceangalan eadar-chuspaireil

Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas no taisbeanadh agus a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/tachartasan dhaoine eile.

EXA 1-01a

Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh fiosrachadh, eòlasan, mìneachadh, bun-bheachdan is beachdan a chur an cùill, agus puingean a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh.

LIT 1-09a

A' cleachdad nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh agus a chleachdad airson adhbhar sònraichte.

LIT 1-14a

Airson mo thugse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri diofar sheòrsaichean cheistean agus obair dlùth-leughaidh eile, agus tha mi ag ionnsachadh na ceistean agam fhìn a chur ri chèile.

GAI 1-17a

Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsaichean fhìn agus bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a fhreagras air feuman mo luchd-amais.

LIT 1-20a

'S urrainn dhomh mo sgrìobhadh a thaisbeanadh ann an dòigh a nì e furasta a leughadh agus tarraigeach don leughadair, a' cur fhacail, ìomhaighean agus fheartan eile an lùib a chèile.

LIT 1-24a

Le beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh fiosrachadh is smuaitean iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh agus facail a chleachdad a bhios inntinneach agus/no feumail do dhaoine.

LIT 1-26a

'S urrainn dhomh fuaimean, teacsa agus ìomhaighean a chruthachadh, a ghlacadh agus atharrachadh, airson bruidhinn mu m' fhein-fiosrachadh, beachdan agus fiosrachadh ann an dòighean cruthachail agus tarraigeach.

TCH 1-04b



Nuir a bhios mi a' deasachadh agus a' còcaireachd measgachadh de bhiadh, tha mi a' fàs mothachail air na cuairtean air am bi biadh a' dol bho bhun gu bàrr, air na seusain sa bheil iad rim faighinn, air mar a tha iad rim faighinn gu h-ionadail, agus air an seasmhachd.

HWB 1-35a

Tro lorg a-mach agus tro mhac-meanmhainn, 's urrainn dhomh ro-innleachdan airson fuasgladh cheistean a thoirt air adhart agus a chleachdad, airson dèiligeadh ri dùblain cocheangailte ri dealbhadh le fòcas bidh no aodaich.

TCH 1-11a

An dèidh m' obair a luachadh, 's urrainn dhomh a h-atharrachadh agus a toirt air adhart far a bheil sin freagarrach, tro fheuchainn a-mach agus ceartachadh, no le bhith a' cleachdad fiosrachadh-air-ais.

TCH 1-11b

Tha mi air dràma le sgriopt agus gun sgriobt a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' fàs mothachail air diofar luchdamais agus shuidheachaidhean.

EXA 2-14a

Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas no taisbeanadh agus a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/tachartasan dhaoine eile.

EXA 2-01a

A' cleachdad bathar bog freagarrach, 's urrainn dhomh obair còmhla ri daoine eile airson gèam inntinneach agus tarraingeach a dhealbhadh, a tha a' gabhail a-steach seòrsa de theicneòlas- smachd no meadhanan eadar-obrachail.

TCH 2-09a

An dèidh m' obair a luachadh, 's urrainn dhomh atharrachadh agus leasachadh a dhèanamh far a bheil sin iomchaidh, tro dheuchainn agus ceartachadh, no le bhith a' cleachdad fiosrachadh-air-ais.

TCH 2-14b





Co-theacs, Goireasan agus Gniomhan

Am Fògradh

An Sgoil

Raiseanadh

Cur-seachadan

An Dubhadh

Anderson Shelters agus masgaichean-gas

Obair nam mnathan aig àm a' chogaidh

Am Fògradh

Cuin a thachair seo agus cò dha?

Carson?

Dè am buaidh a bh'aig a seo air clann agus teaghlaichean?

Dè thug clann leotha?

Ceann-uidhe – càite?

'Billeting'

Dreuchd 'billetting officer'

A' fuireach còmhla ri teaghach ùr

Beatha ùr a-muigh air an thuath

Fiosrachadh mun fhògradh

West Dunbarton (Fuel rationing, Food rationing, Clothes rationing, Home Guard, Anderson shelters, The Blackout, Evacuation, Ministry of Food, Gas Masks, Clydebank Blitz, Women in the Services)

Carrie's War air YouTube:

<https://www.youtube.com/watch?v=LdMsoKrzvFY>

Iarr air sgoilearan obrachadh ann am pàidhrichean gus smaoineachadh air na buannachdan a bh' ann do chloinn na bailtean mòra fhàgail an coimeas ri iad fuireach aig an taigh. Thoir an duilleag phàipeir leis na cinn Buannachdan / Eas-bhuannachdan do gach pàidhir airson a lìonadh a-steach.

Brosnaich na sgoilearan gus beagan deasbaid a dhèanamh agus thoir orra smaoineachadh air ciamar a bhiodh iad fhèin a' faireachdainn nam biodh iadsan san aon suidheachadh.



Can ri na sgoilearan toirt a chreidsinn gur e fògarraich a th' unnta fhèin agus gu bheil aca ri màileid a lìonadh le stuthan a bheireadh iad leotha chun an tuath.

Thoir dhaibh an duilleag le dealbh màileid air agus can riutha dealbh a dhèanamh de na nithean a bheireadh iad leotha.

Beachdaich air na nithean a chuir iad dha na màileidean aca, meòraich air dè cho feumail 's a bhiodh na nithean agus an eadar-dhealachadh a tha eadar na rudan a dh'fheumadh iad agus na rudan bu chaomh leotha.

Seall ris an liosta stuthan a dh'fheumadh fògarraich a thoirt leotha. Brosnaich na sgoilearan gus am beachdan a thoirt air na nithean a chaidh a chur air an liosta leis an riaghaltas. Dèan coimeas eadar na rudan a mhiannaicheadh iad fhèin a thoirt leotha agus na rudan a dh'fheumadh clann air fògradh a thoirt leotha aig àm a' chogaidh.

Thoir sùil air Carrie's War agus an dèidh làimh, beachdaich air ciamar a bhiodh clann air fògradh a' faireachdainn

- nuair a dh'fhàg iad an dachaigh
- mu na chunnaic iad air an t-slighe
- nuair a bha iad a' feitheamh gus an deidheadh an taghadh le teaghlaich
- nan deidheadh piuthar is bràthair a sgaradh
- mun teaghlaich agus an dachaigh ùr
- mun sgoil ùir
- mu bhith a' cuideachadh san dachaigh agus air an tuath
- mu bhith air falbh bhon teaghlaich

Seall ri eisimpleirean de litrichean a chaidh a sgrìobhadh le clann air fògradh. An robh na sgoilearan ceart lem beachdan?

Iarr air na sgoilearan litir a sgrìobhadh bho shealladh pàiste air fògradh. Bu chòir a-nis gum bi fiosrachadh gu leòr aig na sgoilearan mun fhògradh gus an gnìomh seo a dhèanamh ach cuir cruth litir nan cuimhne. Cleachd na h-eisimpleirean a tha air an làraich seo.

Cuidich na sgoilearan gus 'Builean Soirbheachaidh' a chruthachadh gus stiùir a thoirt dhaibh fhad 's a tha iad a' sgrìobhadh.

Cuir na sgoilearan air ais nam pàidhrichean nuair a tha iad air na litrichean aca a sgrìobhadh. Iarr orra coimhead ri obair càch a chèile agus na litrichean a mheasadh a' cleachdadadh nam Builean Soirbheachaidh.

Thoir cothrom do na sgoilearan na litrichean aca a leasachadh far a bheil sin ionchaidh agus leig leotha an sgrìobhadh a-mach gu grinn.



Criomag film:

<http://tinyurl.com/zuvnorz>

Coimhead ris a' chriomaig film seo. Chan eil fuaim air. Sgrìobh agus clàr sgriopt a thèid leis a' film.

Dràma

Cuir air dòigh dealbh-chluich air an àrd-ùrlar mu fhògairach.

An Sgoil:

Dèan coimeas eadar:

meud chlasaichean
leabhairchean agus peansailean
latha sgoile
an raon-cluiche

- Cuir an seòmar-teagaisg air dòigh gus am bi e cho coltach 's a ghabhas ri seòmar-teagaisg a bh' ann aig àm a' chogaidh.
- Cùm latha sònraichte far am bi sgoilearan a' dèanamh na seòrsa obrach a dhèanadh clann aig àm a' chogaidh.
- Cluich cuid de na geamannan a chluicheadh sgoilearan aig àm cluich. Seall ris a' phìos den làraich seo a tha mu Cur-seachadan.
- Thoir cuireadh do chuideigin às an sgìre a chaidh dhan sgoil aig àm a' chogaidh a thighinn a-steach gus ceistean a fhreagairt mu na làithean sin.
- Thoir cothrom don chloinn liosta de cheistean ullachadh, a' toirt an aire dhan t-seòrsa cheistean a thathas a' faighneachd. Cuir an cuimhne nan sgoilearan gu bheil na ceistean as fheàrr a' tòiseachadh le Ciamar agus Carson seach gum faigh an duine air leudachadh air a' chuspair.
- Tog dealbhan no clàraich an agallamh agus an dèidh na h-agallaimh, dèan taisbeanadh de dhealbhan air a' bhalla no air PowerPoint a' cleachdadadh nan ceistean a chaidh a chur agus na freagairtean a fhuair iad.

Raiseanadh:


Carson a bha raiseanadh ann?

Dè an seòrsa ghnothaichean a bh' air an raiseanadh?

Ciamar a bha leabhairchean raiseanaidh air an cleachdadadh?

Dèan taisbeanadh de bhiadhan a gheibheadh teaghach le cuponan.

Ionnsaich mu lusan agus measan neo-thràthail



<http://gaidhlig.educationscotland.gov.uk/scotlandshistory/20thand21stcenturies/worldwarII/rationing/index.asp>

http://www.homesweethomefront.co.uk/web_pages/hshf_rationing_pg.htm

Dèan beagan còmhraidih mu na diofar sheòrsaichean bìdh a th'agann anns na preasan aig an taigh agus na biadhan a tha air an tairgse san goil.

Thoir air na sgoilearan leabhar-latha a chumail fad seachdain gus am faic iad dè na tha iad ag ithe gach latha, aig àm bracaist, aig àm dinneir agus airson an teatha. Cuir ris an liosta greimeagan a ghabh iad tron latha.

An ceann seachdain, cuir air beulaibh na sgoilearan an dealbh a tha a' sealltainn a' bhìdh gu lèir a gheibheadh teaghach ann an seachdain aig àm a' chogaidh. Dèan coimeas eadar am biadh sin agus liostaichean nan sgoilearan.

Iarr air clann biadh mar a gheibhear aig àm a' chogaidh a thoirt a-steach airson a thaisbeanadh. Dèan pacайдean agus canastairean mas fhòr mura h-eil seo comasach.

Cruthaich clàr-bìdh seachdain leis na gnothaichean a thig a-steach. Deasaich agus ith am biadh. Tog dealbhan agus dèan taisbeanadh le beachdan nan sgoilearan na lùib.

Cluich aig bùthan. Sgeadaich oisean san t-seòmar-teagaisg, cruthaich pacайдean agus canastairean mas fhòr. Dealbh postairean, cuponan agus leabhrachaean raiseanaidh agus cluich aig reic agus ceannach le cuponan.

Seall ri na leabhrachaean raiseanaidh a tha an cois seo.

Dè na bùithlean a bhiodh ann aig àm a' chogaidh. Dèan dealbh sràid le bosgaichean.

Leabharlann Nàiseanta na h-Alba: Ministry of Food flashes:

http://movingimage.nls.uk/film.cfm?fid=0194A&search_term=war&search_join_type=AND&search_fuzzy=yes

Cleachd na filmichean goirid seo gus sealltainn cho cudromach 's a a bha e gun a bhith a' leigeil le biadh a dhol a dhìth.

Ionnsaighean adhair:

- Cunnart bho bhomaichean
- Masga-gas agus drile
- Cò ris a bha àite-dòn bho ionnsaigh-adhair coltach?
- An dubhadh

Ceangail an obair seo ri cuspair Blitz Bhruaich Chluaidh.

Dubhaich an seòmar-teagaisg mar phàirt den latha shònraichte (faic gnìomhan mun dachaigh).

Lean stiùireadh gus àite-dòn bho ionnsaigh-adhair a dhèanamh à cairt.



Lean stiùireadh gus bogsa a dhèanamh a chumadh masga-gas.

Cur-seachadan

- Taigh-deilbh
- A' wireless – naidheachdan
- A' seinn
- A' cluich gheamannan
- A' chlann as sine a' cuideachadh le iomairt a' chogaidh: a' falbh le teachdaireachdan, a' fighe, a' lionadh peilichean smàlaidh le gainmheach
- A' cruinneachadh cuimhneachain a' chogaidh

<https://schoolsonline.britishcouncil.org/classroom-resources/film-archive-resources/childhood-in-peacetime>

<https://www.youtube.com/watch?v=6jSsk3NtMLo> (am pìos eadar 7.10 mionaidean is 9 mionaidean)

Cleachd a' chriomag seo gus sealltainn na cur-seachadan a bh' aig clann agus na sgilean a bha iad ag ionnsachadh san sgoil agus mar a bha iad a' cur ri iomairt a' chogaidh. Leig le na sgoilearan feuchainn air feadhainn a dhèanamh/a chluich.

Bha nàdar ath-chuaireachaidh ga dhèanamh aig àm a' chogaidh le clann a' cruinneachadh stuthan às an gabhadh feum a thoirt a-rithist. Bha seo cuideachd a' cuideachadh le iomairt a' chogaidh. Bruidhinn mun t-seòrsa stuthan às an gabhadh feum a dhèanamh a-rithist. Sgaoil na cairtean le na cinn *rubair / plastaig / fiodh / meatailt* agus iarr air na sgoilearan eisimpleirean a thoirt de na stuthan a bhiodh ri fhaighinn aig àm a' chogaidh agus air na stuthan a ghabhadh a dhèanamh leotha.

Iarr air na sgoilearan stuthan a thoirt a steach airson tòidh no gàama a chruthachadh. Thoir orra smaoineachadh air na cur-seachadan a bh' aig clann aig àm a' chogaidh mar eisimpleir a' cluich le itealain cogaidh, tancaichean, geamannan-bùird, pupaidean no dèideagan. Cleachd bathar-bog freagarrach airson gàam inntineach agus tarraigeach a dhealbhadh.

Bu chòir gun cleachd sgoilearan an duilleag planaidh gus na smuaintean aca a chur sìos agus a leasachadh.

Gniomhan eile

Tadhail air taigh-tasgaidh ma tha taisbeanadh aca air an Dàrna Cogadh.

Iarr air sgoilearan stuthan co-cheagnailte ris an Dàrna Cogadh a thoirt a-steach agus dèan taisbeanadh.

Thoir cuireadh do neach aig a bheil cuimhne air cò ris a bha e coltach a bhith beò aig àm an Dàrna Cogaidh a thighinn a-steach. Smaoinich, ro-làimh, air ceistean a chuireadh sibh.



larr air pàrrantan agus/no air daoine às a' choimhearsneachd aig a bheil cuimhne air an Dàrna Cogadh tadhal air an t-seòmar-teagaisg agaibh. Thoir timcheall nan diofar thaisbeanaidhan iad. Thoir dhaibh cupan teatha le bèicearachd a gheibheadh tu aig àm a' Chogaidh. larr orra teachdaireachd bheag fhàgail mu dè shaoil iad den taisbeanadh.

Measadh

CRUTHAICH

'S urrainn dhomh stìuireadh a leantainn gus àite-dòn bho ionnsaigh-adhair a thogail à cairt

DÈAN

'S urrainn dhomh biadh sìmplidh ullachadh le raiseanan mar a gheibhist aig àm a' chogaidh.

CAN

'S urrainn dhomh tar-ghuth a sgrìobhadh a thèid le film ghoirid mun fhògradh.

SGRÌOBH



HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis

A' cur gu feum



A' cruthachadh



A' luachadh

A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



Na Ceithir Comasan

Soirbheachail:

'S urrainn dhomh bruidhinn mu cò ris a bha e coltach do chloinn aig àm an Dàrna Cogaidh.

Misneachail:

'S urrainn dhomh bruidhinn ri inbheach mu na dh'ionnsaidh mi mun Dàrna Cogadh.

Cunntasach:

Èifeachdach:

'S urrainn dhomh mo bheachdan a thoirt seachad agus an dòigh air adhart aon-tachadh nuair a tha mo cho-aoisean a' bruidhinn air cuspairean.



Sgilean:

A' samhlachadh

A' cur amannan sònraichte ann an eachdraidh ann an òrdugh

A' cleachdadhbh IT airson clàradh

A' cuideachadh ann a bhith a' cur thaisbeanaidhean ri chèile

A' leantainn stiùireadh

A' toirt seachad bheachdan agus ag èisteachd ri beachdan sgoilearan eile